

**Comataidh Lèirsinn**

**13/5/24, 1100-1330**

**Teams**

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Marion Nic na Ceàrdaich (sa Chathair) Rhoda NicDhòmhnail  
Iain Moireasdan Calum Steele (mar neach-amhairc)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)  
Lisa Annette [LA] (Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach)  
Rowan NicPhàdraig [RN] (Manaidsear Conaltraidh) – puinge 1-6  
Scott Mac a’ Ghobhainn [SS] (Ceannard Ùr-ghnàthachais agus Anailiseachd) –  
puinge 1-8)  
Alison NicDhòmhnail [AMD] (Manaidsear Bhranndaichean) – puing 4  
Sarah Dhòmhnallach [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh) – puing 3  
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] - (a’ sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Unai Iparragairre, Stiùiriche ETB (TBh nam Basgach) - puing 4

**1. Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin.

**2. Gnothaichean dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (7/2/24) & GAE**

3.1 Geàrr-chunntas: molaichte le Marion Nic na Ceàrdaich agus daingnichte le Rhoda NicDhòmhnail.

3.2 GAE – comharraichte

3.2.1 Seisean AI - chaidh innse gun deach manaidsear pròiseict fhastadh airson ùine ghoirid gus pròiseactan leithid seo a ghluasad air adhart. Tha deit ri aontachadh ach ag amas air deireadh an Lùnastail timcheall air Fèis Dhùn Èideann.

3.2.2 Sgeama peinnein – bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh. A’ leantainn pròiseas tagraidh, chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air an sgeama le comhairliche ionmhais neo-eisimeileach agus bha toraidhean an rannsachaidh air beulaibh bhall. Chaidh innse gu bheil aig an aithisg fhathast ri dhol tro sgioba-stiùiridh na buidhne. A’ leantainn sin thèid e chun Bhùird san Ògmhios mus tèid e tron Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh airson measadh riosg mus till e chun Bhùird. (SMD)

#### 4. **Sùil air faire – margaidheachd agus *discoverability* mion-chànain**

- 4.1 Chaidh fàilte a chur air Unai Iparragairre, Stiùiriche ETB (TBH nam Basgach) chun choinneimh.
- 4.2 Sheall e taisbeanadh agus chuala buill na Comataidh mu na dùbhlain a th’ aca mu bhith a’ faighinn susbaint mion-chànain gu luchd-amhairc, na ro-innleachdan a thaobh an dùbhlain seo agus mu iomairt sa bheil iad an sàs ann a bhith a’ feuchainn ri faighinn gu luchd-amhairc nas òige.
- 4.3 Chaidh taing a bhuileachadh air airson a thighinn a bhruidhinn ris a’ Chomataidh.
- 4.4 **Co-dhùnadh:** bha a’ Chomataidh riarachta.
- 4.5 **Gnìomh:** 1) thèid an taisbeanadh a sgaoileadh air a’ Bhòrd air fad agus thèid seisean eile a chur air dòigh san ùine a tha romhainn (MAMI); 2) bruidhinnidh an Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach aig an ath choinneamh mu *Discoverability*. (LA)

#### 5. **Luchd-ùidhe**

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air na diofar raointean conaltraidh san robhas an sàs.
- 5.2 Sheall RN dreach ùr air dealbhachadh (mapping) airson obair leis an luchd-ùidhe a shealltainn gu soilleir bho seo a-mach.
- 5.3 Chaidh innse gun deach sgrìobhadh chun Phrìomh Mhinistear agus an Leas-phrìomh Mhinistear ann an Alba airson coinneachadh. Chaidh innse nach d’ fhuair seisean soilleireachadh fhathast air am biodh a’ Ghàidhlig a’ gluasad bho Roinn an Fhoghlaim gu Roinn an Eaconamaidh.
- 5.4 **Co-dhùnadh:** ghabh buill fainear.
- 5.5 **Gnìomh:** thèid an dealbhachadh a chur an gnìomh airson na h-ath choinneimh. (RN)

## 6. Aithisgean deireadh na bliadhna

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh a' toirt sùil air ais air a' bhliadhna gu 31 Màrt 2024 sna raointean-obrach a tha fo shealladh na Comataidh: HR (a' gabhail a-steach trèanadh); EDI; luchd-ùidhe; dleastanas chorporra agus KPlan.
- 6.2 **Co-dhùnadh:** bha buill na Comataidh riarachtaichte gu robh dearbhadh aca gu bheil cùisean gan làimhseachadh mar bu chòir.
- 6.3 **Gnìomh:** thèid fòcas a chur air gnothaichean EDI aig an ath choinneamh agus thèid cuireadh a thoirt don Churaidh EDI chun choinneimh **(MAMI)** agus thèid aithisg air *Gender Pay* a ch-roinn air buill. **(MAMI)**

## 7. Luchd-obrach

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air 1) fastadh luchd-obrach; 2) leantainneachd (succession), agus 3) suirbhidhean "pulse" - modail ùr airson comhairle a gabhail bhon luchd-obrach.
- 7.2 Chaidh innse gu bheileas a' moladh structar dhreuchdan ùr san roinn didseatach, le sònrachas ga chur air obair ro-innleachdail air am bi fòcas air OKRan na buidhne a thoirt air adhart.
- 7.3 Bhathas cuideachd a' cur air adhart planaichean airson Stiùiriche ùr; Leas-Choimiseanair ùr agus atharrachaidhean eile ann an dreuchdan cuid a luchd-obrach.
- 7.4 Chaidh innse gu gun tillear aig coinneamh na Sultaine le mìneachadh a bharrachd air buaidh seo uile air Phlana Leantainneachd (Succession Plan) na buidhne. **(DC)**
- 7.5 Chaidh innse gu bheil suirbhidhean "pulse" gan cuir a-mach gu luchd-obrach far bheileas ag iarraidh deagh thuigse air ciamar a tha luchd-obrach a' faireachdainn mu iomadach chuspair. Bidh na suirbhidhean a' measadh barail (sentiment) luchd-obrach air na cuspairean fo cheist agus leigidh seo fhaicinn cuin a tha cùisean a rèir cuspair a' dol gu math no ceàrr, a' leigeil leinn na ceumannan cearta a ghabhail aig an àm cheart.
- 7.6 Faodaidh a' Chomataidh data nas mionaidiche fhaicinn air cuspairean sònraichte air iartras agus chì a' Chomataidh geàrr-chunntas àrd-ìreach aig gach coinneamh.
- 7.7 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte leis a' phlana airson fastadh.
- 7.8 **Gnìomh:** 1) thig am plana air adhart gu Ofcom **(DC)**; 2) nuair a gheibhear aonta thèid gluasad gu sanasachd **(LA)** agus 3) thèid coimhead ri leantainneachd aig coinneamh na Sultaine. **(MAMI)**

## **8. Amasan agus Prìomh Thoraidhean**

- 8.1 Ri linn gu bheil e mar dhleastanas aig a' Chomataidh comhairle a thoirt don bhòrd mu shlatan tomhais soirbheachais, bha pàipear air beulaibh na Comataidh le dreachd Amasan & Prìomh Thoraidhean (Objectives & Key Results) a bha air beulaibh a' Bhùird aig a' choinneimh mu dheireadh.
- 8.2 Bha tionndadh deireannach air beulaibh na Comataidh gus an urrainn a' Chomataidh am moladh don Bhòrd san Ògmhios, le atharrachaidhean iomchaidh.
- 8.3 **Co-dhùnadh:** ri linn cho cudromach 's a bha seo don Chomataidh chaidh aontachadh gun dèanadh an Sgioba Àrd-stiùiridh bùth-obrach air na APTan.
- 8.4 **Gnìomh:** thèid deit a lorg airson seo. **(MAMI)**

## **9. Fastadh bùird**

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gun do dh'fhoillsich Ofcom air 1/5/24 gun deach ceathrar bhall am fastadh, le àireamh nam ball a-nis aig 9.
- 9.2 Chaidh na ceathrar bhall an suidheachadh air Chomataidhean.
- 9.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte
- 9.4 **Gnìomh:** thèid coimhead ri meatraigs sgilean a' Bhùird. **(MAMI)**

## **10. Gnothaichean riaghlachais**

- 10.1 Leis an Sgeama Chumhachdan Tiomnaichte (Scheme of Delegation) a' moladh gum faigh am Bòrd aithisg aig deireadh gach bliadhna bho na Comataidhean, a' gabhail a-steach fèin-mheasadh air obair na Comataidh, bha pàipear air beulaibh ball na Comataidh le 1) aithisg na Comataidh airson 2023/24; 2) fèin-mheasadh na Comataidh airson 2023/24 agus 3) plana-obrach na Comataidh airson 2024/25
- 10.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 10.3 **Gnìomh:** thig seo air beulaibh a' Bhùird air 14/6/24 mar aithisg bhliadhnail Comataidh Lèirsinn 2023-24 le moladh gun aontaich am Bòrd le clàr-obrach na Comataidh airson 2024-25. **(MAMI)**

## **12. GISBE**

- 12.1 Cha robh gin.

## **13. Deit na h-ath choinneimh – 10/9/24**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: